

Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan		Policy & Resources Committee	
Coinneamh air Dimàirt 06/05/2021		Meeting on Tuesday 06/05/2021	
16.00 – 16.30		16.00 – 16.30	
Tro Teams		Via Teams	
CLÀR-GNOTHAICH		AGENDA	
SEISEAN FOSGAILTE		OPEN SESSION	
1.0	CÙISEAN TÒISEACHAIDH	OPENING ITEMS	
1.1	Fàilte & Leisgeulan	Welcome & Apologies	
1.2	A' Nochdadh Chom-pàirtean <i>Bu chòir do Bhuill com-pàirt ionmhasail no neo-ionmhasail a th' aca ann an cùis sam bith air am bithear a' beachdachadh a chlàradh, le bhith a' comharrachadh na puinge buntainniche agus an t-seòrsa com-pàirt a th' aca</i>	Declaration of Interests <i>Members should declare any financial and non-financial interest they have in the items of business for consideration, identifying the relevant agenda item, and the nature of their interest</i>	
2.0	IARRTAS TAIC-AIRGID	FUNDING APPLICATION	
2.1	Ri Aontachadh PT1 – Comunn na Gàidhlig <i>Jim Whannel, Director of Gaelic Education</i> <i>Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan</i>	For Decision PT1 – Comunn na Gàidhlig <i>Jim Whannel, Stiùiriche Foghlaim</i> <i>Steven Kellow, Funding & Projects Officer</i>	d. 2
	Ceann-latha na h-ath choinneimh: 18/05/2021	Date for the next meeting: 18/05/2021	
	<i>Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh</i>	<i>Post-meeting Review of meeting</i>	

Nì air a' chlàir-ghnothaich: 2



A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	06/05/2021
Àite:	Aig astar (Microsoft Teams)
Nì a' chlàir-ghnothaich	2

Tìotal a' Phàipeir	Iarrtas Taic-airgid	
Neach-labhairt:	Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlaim Steven Kellow, Oifigear Maoinachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlaidh airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	28/04/2021	Airson Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	Chan eil	
1	Adhbhar	
1.1	A' sireadh aonta bhon Chomataidh airson taic thoirt do dh'iarrrtas taic-airgid aig ìre £50,001-£100,000.	
2.	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Tha an t-iarrrtas seo a' tighinn mar thoradh air còmhraidhean eadar oifigearan a' Bhùird is Comann na Gàidhlig (agus oifigearan Comann nam Pàrant) gus beachdachadh air roinn nan tràth-bhliadhnaichean is taic a chumail riutha gu sònraichte as dèidh bhuidh COVID-19.	
2.2	Tha taic a dhith airson fàs a thoirt air roinn nan tràth bhliadhnaichean Gàidhlig sna h-Eileanan an Iar agus aig taobh deas na dùthcha, airson taic chudromach a chumail ri gluasadan a-steach gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	
2.3	Tha Comunn na Gàidhlig (agus Comann nam Pàrant fo na h-aon chùmhnanntan) a' faighinn £463,000 sa bhliadhna 2021/22 fo chùmhnannt Buidheann Com-pàirteach Lìbhrigidh, agus chaidh aontachadh £172,218 a bharrachd a chur thuca airson taic a chur ri leudachadh oifigearan lomairtean agus airson oifigear pàrant ùr fhastadh aig Comann nam Pàrant.	
2.4	Tha oifigearan riarachaidh gu bheil na cùmhnanntan sin air a bhith air an coileanadh gu ruige seo is gum biodh e comasach dhaibh an obair ùr seo a ghabhail os làimh nan deidheadh aontachadh taic a chumail rithe.	
3.	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha Comunn na Gàidhlig (is Comann nam Pàrant) a' sireadh taic-airgid gus pìleat a' ruith air seirbhis-taic a thoirt seachad do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean, is iad a' sireadh taic airson dà oifigear (aon dhiubh le dleastanasan-stiùiridh) fhastadh agus buidseat leasachaidh a thoirt dhaibh airson na h-obrach.	
3.2	Le duilgheadasan sònraichte a tha air a bhith ann dhan a roinn seo air sgath a' choròna-bhìoras, thathar den bheachd gum biodh e gu math iomchaidh gun tèid tuilleadh taic a thoirt seachad do bhuidhnean is iad feuchainn tòiseachadh as ùr as dèidh saor-làithean an t-Samhraidh (ma cheadachas riaghailtean a thaobh a' choròna-bhìoras).	
3.3	Thathar an dùil gum bi aon oifigear stèidhichte sna h-Eileanan an Iar no a' Ghàidhealtachd (is moladh bho oifigearan a' Bhùird gum bi prìomhachas air an dreuchd a thoirt do tagraiche bho na h-Eileanan an Iar) is gum bi oifigear eile stèidhichte aig taobh deas na	

Nì a' Chlàir-ghnothaich: 2

	dùthcha airson taic a chumail ri buidhnean sna sgìrean sin, far a bheil oifigearan a' Bhùird den bheachd gu bheil taic a bharrachd gu sònraichte a dhith.						
3.4	Mar pàirt de dh'obair a' phileit, thathar an dùil gun tèid iarraidh air na h-oifigearan seo bileag fiosrachaidh ullachadh cuideachd (ann an co-bhonn le oifigearan a' Bhùird is Comann nam Pàrant) airson taic a chumail ri buidhnean le fiosrachadh feumail, is gum biodh seo mar ghoireas le deagh dhìleab a-mach às am pileat.						
3.5	Bidh am pileat maireachdainn aon bhliadhna, is amas gum bi seo freagarrach ann a bhith a' neartachadh an taic ri buidhnean tràth-bhliadhnaichean ann a bhith tòiseachadh as ùr as dèidh duilgheadasan ri linn a' choròna-bhìoras agus a' tomhais èifeachdas am modal-obrach seo a dh' ionnsaigh modal nas stèidhichte is fad-ùine.						
3.6	Airson an lèirsinn seo a thoirt gu bhuil, thathar moladh gun tèid rannsachadh eadar-amail a dhèanamh mar pàirt den phròiseict còmhla ri luchd-ùidh nam buidhnean tràth-bhliadhnaichean airson dearbhadh gu bheil dòigh-obrach seo èifeachdach ann a bhith toirt fàs air àireamhan luchd-frithealaidh is piseach a thoirt air càileachd na seiseanan tràth-bhliadhnaichean a thaobh na Gàidhlig, agus gu bheil prìomhachasan ceart ann a thaobh taic a thoirt do dhiofar sgìrean.						
3.7	Bidh an rannsachadh seo an uair sin a' cumail taic ri planadh leantainneach air na tha a dhith dhan raoin tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig seachad air a bhliadhna pileat agus gun urrainn seo a bhith mar fianais airson còmhradh air aontaidhean trì-bliadhna ùr stèidheachadh san roinn chudromach seo mar pàirt den prògram Bhuidhnean Com-pàirteach Libhrigidh bho Giblean 2022 air adhart.						
4.	Moladh						
4.1	Aontachadh gus £74,500 a thabhann do Chomunn na Gàidhlig airson a' phròiseict "Seirbheis Taic Tràth-Ìrean (Pileat libhrigidh)", le cumhaichean: <ul style="list-style-type: none"> • Gum bi an taic seo airson na dreuchdan a chumail fad bliadhna • Gum bi rannsachadh eadar-amail ann air adhartais leis a' phileat airson èifeachdas a mheasadh agus molaidhean a thoirt seachad airson an àm ri teachd • Gun tèid airgead sam bith nach tèid a chosg air siubhal, àiteachan-còmhnaidh no stiùireadh nan oifigearan a chur mu choinneimh buidseat leasachaidh nan oifigearan • Gun ullaich na h-oifigearan bileag fiosrachaidh do roinn nan tràth-bhliadhnaichean ann an co-bhonn le oifigearan Bòrd na Gàidhlig • Gu bheil co-obrachadh ann le oifigearan Bòrd na Gàidhlig, oifigearan CALA (Care and Learning Alliance) is oifigearan ùghdarrasan ionadail ann an roinn nan tràth-bhliadhnaichean 						
5.	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach						
5.1	Buidhean air Ionmhas						
5.1.1	Ma thèid aontachadh gus taic a thort dhan dhan phròiseict, bidh Comann nam Pàrant a' cleachdadh £25,000 den airgead a tha tighinn bho CORRA Foundation a thathar a chleachdadh airson sgeama Tabhartasan Tràth-bhliadhnaichean, agus mar sin cha tig ach £75,000 a-steach do Bhòrd na Gàidhlig airson an sgeama sin.						
5.1.2	Thathar an dùil gun tèid an taic-airgid a phàigheadh mar a leanas: <table border="1" data-bbox="300 2002 1391 2078"> <thead> <tr> <th>P1 – Cèitean 2021</th> <th>P2 – Dùbhlachd 2021</th> <th>P3 – Iuchar 22</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>£44,700 (60%)</td> <td>£14,900 (20%)</td> <td>£14,900 (20%)</td> </tr> </tbody> </table>	P1 – Cèitean 2021	P2 – Dùbhlachd 2021	P3 – Iuchar 22	£44,700 (60%)	£14,900 (20%)	£14,900 (20%)
P1 – Cèitean 2021	P2 – Dùbhlachd 2021	P3 – Iuchar 22					
£44,700 (60%)	£14,900 (20%)	£14,900 (20%)					

Nì a' Chlàir-ghnothaich: 2

5.1.3	Thathar an dùil gum biodh e iomchaidh taic a chumail ris a' phròiseict tro dhiofar loidhnichean-buidseat gus a' bhuidh air buidseat tràth-bhliadhnaichean Bòrd na Gàidhlig a lùghdachadh, mar sin thathar a' moladh gum bidh na pàighidhean air am briseadh mar a leanas:																		
	<table border="1"> <thead> <tr> <th></th> <th>102024 – GLAIF – Iomairtean</th> <th>102082 – Early Years Support Scheme (BnG)</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>P1</td> <td>£30,000</td> <td>£14,700</td> </tr> <tr> <td>P2</td> <td>£10,000</td> <td>£4,900</td> </tr> <tr> <td>Fo-iomlan 2021/22</td> <td>£40,000</td> <td>£19,600</td> </tr> <tr> <td>P3</td> <td>£10,000</td> <td>£4,900</td> </tr> <tr> <td>Iomlan 21/22 & 22/23</td> <td>£50,000</td> <td>£24,500</td> </tr> </tbody> </table>		102024 – GLAIF – Iomairtean	102082 – Early Years Support Scheme (BnG)	P1	£30,000	£14,700	P2	£10,000	£4,900	Fo-iomlan 2021/22	£40,000	£19,600	P3	£10,000	£4,900	Iomlan 21/22 & 22/23	£50,000	£24,500
	102024 – GLAIF – Iomairtean	102082 – Early Years Support Scheme (BnG)																	
P1	£30,000	£14,700																	
P2	£10,000	£4,900																	
Fo-iomlan 2021/22	£40,000	£19,600																	
P3	£10,000	£4,900																	
Iomlan 21/22 & 22/23	£50,000	£24,500																	
5.1.4	Leis na molaidhean seo, bidh e comasach airgead a chumail sa bhuidseat airson an dà loidhne seo airson pròiseactan eile fhad 's a tha a' bhliadhna a' ruith.																		
5.2	Buidhean air Luchd-obrach																		
	Chan eil gin ann.																		
5.3	Buidhean air Trèanadh																		
	Chan eil gin ann.																		
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra																		
	Bidh am pròiseact seo a' cur ris na h-amasan a leanas bho Phlana Corporra a' Bhùird:																		
5.4.1	<p>Cleachdadh na Gàidhlig</p> <ul style="list-style-type: none"> “A' dealbh ro-innleachdan a dh'aona-ghnothach airson frithealadh air feumalachdan nan coimhearsnachdan dùthchail is nam bailtean nas motha agus airson brath a ghabhail air na cothroman a th' ann dhaibh, feuch am bi coimhearsnachdan Gàidhlig nas làidire ann” “A' toirt taic do bhuidhnean is daoine fa leth airson barrachd chur-seachadan, thachartasan is ghoireasan a chur air dòigh, agus feadhainn nas fheàrr, do dhaoine òga agus a' toirt taic do dh'fheadhainn a thèid a chur air dòigh le daoine òga” “A' cur barrachd chothroman, is cothroman nas fheàrr, air adhart far am bi teaghlaichean a' cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh aca” 																		
5.4.2	<p>Ag ionnsachadh na Gàidhlig</p> <ul style="list-style-type: none"> “Ag obair còmhla ri buidhnean de phàrantan is buidhnean buntainneach gus fàs a thoirt air FtG” “A' cur iomairtean air dòigh le luchd-compàirt gus barrachd taice a thoirt do theaghlaichean nuair a tha a' chlann aca aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean” 																		
5.4.3	<p>A' cur air adhart na Gàidhlig</p> <ul style="list-style-type: none"> “Ag obair còmhla ri luchd-compàirt airson iomairtean a dhealbh is a chur an gnìomh a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig” 																		
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta																		
	AR N-ADHBHAR																		
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri	AR LUACHAN 'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an																		

Nì a' Chlàir-ghnothaich: 2

fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buaidhean air Cliù		
	Bidh am pròiseact seo a chur ri cliù na buidhne ann a bhith cumail taic ri roinn nan tràth-ìrean.		
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Feumaidh na pròiseactan uile a bhith a' leantainn an lagha, riaghailtean is stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba ri linn a' choròna-bhiorais.		
5.8	Buaidhean Laghail		
	Chan eil gin ann.		
5.9	Buaidhean air Co-ionannachd		
	Chan eil gin ann.		
5.10	Buaidhean air an Àrainneachd		
	Chan eil gin ann.		